

STORYWORLDS



Na slapagan seunta




Susan Akass • Jan Nesbitt

Na slapagan seunta



An teaca Susan Akass
Na dealbhan Jan Nesbitt
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Cha robh am Prionnsa Ivan idir toilichte.
 Bha mòran dhèideagan aige
 ach cha robh e airson cluich leotha.
 “Saoil dè nì mi an-diugh?” thuirt e.



Dìreach an uair sin thàinig a’ bhànrigh
 agus thuirt i, “Tha dannsa gu bhith againn sa
 chaisteal. Nach cuir thu ort do shlapagan dannsa.”
 “Am feum mi?” dh’fhaighnich am Prionnsa Ivan.
 “Feumaidh,” ars a’ bhànrigh, “agus feuch gum bi
 thu còir oir tha an t-Iarla Greannach a’ tighinn.”



Cha robh Ivan air a dhòigh.
“Cha toil leam an t-Iarla Greannach,” thuir e,
“agus cha toil leam dannsa.”
Ach chaidh e dhan phreas a choimhead
airson a shlapagan dannsa.




Thug e an aire do bhaga gorm.
Bha sgrìobhadh air a' bhaga, 'Na fosgail'.
“Dè tha am broinn a' bhaga?” ars am
Prionnsa Ivan, agus chuir e a làmh dhan bhaga.
An sin bha slapagan eireachdail.
“Seo na slapagan a fhreagras ormsa!” ars esan,
agus chuir e air iad.



Ach cho luath 's a chuir e air na slapagan,
thòisich a chasan a' dannsa!
"Stadaibh a chasan!" ars am Prionnsa Ivan,
ach cha stadadh na slapagan. B' e slapagan
seunta a bha annta.



Dhanns am Prionnsa a-mach às an rum agus
air an staidhre. Chunnaic e searbhant
a' glanadh na staidhre.
"Feuch rim stad!" thuir am Prionnsa Ivan,
agus shìn e dhi a làmh.





Thug an t-searbhant a làmh dhan Phrionnsa Ivan ach cha do stad sin an danrsa. Thug na slapagan air an t-searbhant danrsa cuideachd!
Chaidh car dhen bhucaid aice agus dhòirt an t-uisge na thuil sìos an staidhre.



Dhanns am Prionnsa Ivan agus an t-searbhant a-mach dhan ghàrradh.
“Feuch ri ar stad,” dh’èigh an t-searbhant ris a’ ghàirnealair.
Shìn an gairnealair a làmh dhan t-searbhant ach cha do stad an danrsa.
Thug na slapagan airsan danrsa cuideachd.





Dhanns am Prionnsa Ivan, an t-searbhant
agus an gàirnealair a-steach dhan chidsin.
“Feuch ri ar stad!” dh’èigh an gàirnealair
ris a’ chòcaire.

Shìn an còcaire a làmh dhan ghàirnealair
ach cha b’ urrainn dhaibh sgur a dhannta.
Thug na slapagan oirrese dannta cuideachd.



Dhanns am Prionnsa Ivan, an t-searbhant,
an gàirnealair agus an còcaire air ais dhan chaisteal.
An sin thàinig an t-Iarla Greannach agus
a’ bhànrigh a-steach dhan talla mhòr.
“Ivan! Dè idir a tha thu a’ dèanamh?”
dh’fhaighnich a’ bhànrigh.



“Cha tèid againn air stad a dhannsa,” dh’èigh iad uile.

“Bheir mise oirbh stad,” ars an t-Iarla Greannach. Rug e air aparán a’ chòcaire ach cha do stad e iad. Thug na slapagan seunta airsan dannsa cuideachd.



“Nach dèan thu rudeigin!” thuirt e ris a’ bhàn-rìgh. Dh’fheuch a’ bhàn-rìgh rin glacadh ach cha b’ urrainn dhi. Dhanns iad na bu luaithe agus na bu luaithe. An uair sin leum am Prionnsa Ivan dhan adhar agus thuit na slapagan seunta dheth.



Thuit am Prionnsa Ivan, an t-searbhant,
an gàirnealair, an còcaire agus an t-Iarla Greannach
nan tiùrr air an làr.

“O shìorraidh!” arsa am Prionnsa Ivan.

“Bidh an fhearg air an Iarla Ghreannach a-nis.”

Ach cha robh an t-Iarla Greannach feargach.
Bha e a' gàireachdainn.

“Siuthadaibh!” ars esan.

“Nach danns sinn a-rithist!”



Agus sin a rinn iad.

Dhanns am Prionnsa Ivan, an t-searbhant,
an gàirnealair, an còcaire, an t-Iarla Greannach
agus a' bhànrigh fad bhuan an latha.





Nuair a bha am Prionnsa Ivan a' dol a chadal
chuir e na slapagan seunta air ais nam бага fhèin.
“Tapadh leibh, a shlapagan seunta,” thuirt e.
“Fòghnaidh siud de dhannsa airson latha.”



Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ
earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND
JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE
IBADAN PORTSMOUTH (NH) USA CHICAGO

© Susan Akass 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

Am foillseachadh seo sa Ghàidhlig 2003 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn

Tha Susan Akass a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air o comharrachadh mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 657 0